

# Pàigheadh Taic Luchd-cùraim

## Dè th' ann am Pàigheadh Taic Luchd-cùraim?

Ann an Alba, tha Pàigheadh Taic Luchd-cùraim air a dhol an àite Cuibhreann Luchd-cùraim bho Roinn na h-Obrach is nam Peinneanan (DWP). 'S e Pàigheadh Taic Luchd-cùraim airgead do dhaoine a tha a' coimhead às dèidh cuideigin le ciorram no air a bheil suidheachadh slàinte fad-ùine.

## Cò a dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Gus a bhith ion-roghnach, feumaidh neach-cùraim a bhith

- 16 no nas sine
- a' toirt seachad 35 uairean a thìde de chùram gach seachdain gun phàigheadh do chuideigin de dh'aois sam bith a tha a' faighinn sochairean ciorraim àraidh
- a' cosnadh £196 no nas lugha gach seachdain sa chumantas às dèidh beagan lùghdachaidhean

## Dè na tha Pàigheadh Taic Luchd-cùraim agus cuin a thèid a phàigheadh?

Tha Pàigheadh Taic Luchd-cùraim £83.30 gach seachdain no £333.20 gach 4 seachdainean.

## Am faod mi Pàigheadh Taic Luchd-cùraim fhaighinn ma tha mi ag obair?

Faodaidh luchd-cùraim aig a bheil obair phàighte an cois an dreuchd cùraim a bhith ion-roghnach ma tha am 'pàigheadh dachaigh' bhon obair nas lugha na £196 gach seachdain.

Is e 'pàigheadh dachaigh' pàigheadh às dèidh cìs teachd a-steach, Àrachas Nàiseanta, agus cuid de chosgaisean, a' gabhail a-steach cuid de chosgaisean cùraim agus tabhartasan peinnean air an toirt dheth. Ma tha 'pàigheadh dachaigh' neach-cùraim uaireannan nas àirde na £196 agus uaireannan nas lugha, faodaidh Tèarainteachd Shòisealta Alba obrachadh a-mach dè am pàigheadh dachaigh cuibheasach a th' aca.

## Am faod cuideigin Pàigheadh Taic Luchd-cùraim fhaighinn ma tha iad a' faighinn shochairean eile?

Faodaidh daoine Pàigheadh Taic Luchd-cùraim fhaighinn aig an aon àm 's a tha iad a' faighinn shochairean eile. Ma tha iad a' faighinn shochairean 'a rèir teachd a-steach' leithid Creideas Coitcheann, dh'fhaodadh Pàigheadh Taic Luchd-cùraim buaidh a thoirt air an t-sùim a gheibh iad. Mar as trice bidh iad nas fheàrr dheth uile gu lèir air sgàth 's gum faigh iad sùim a bharrachd sna sochairean seo airson a bhith nan luchd-cùraim.

Ma tha neach-cùraim a' faighinn shochairean 'an àite teachd a-steach' ('income replacement') leithid Peinnean na Stàite no Cuibhreann Cosnaidh is Taice san 'nòs ùr', dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt air an t-sùim de Phàigheadh Taic Luchd-cùraim a gheibh iad.

Ma tha luach na sochaire aca co-ionann ri no nas motha na Pàigheadh Taic Luchd-cùraim, dh'fhaodadh gum bi 'airidheachd bhun-stèidheachail' ('underlying entitlement') aca air. Tha seo a' ciallachadh nach fhaigh iad airgead sam bith ann am Pàigheadh Taic Luchd-cùraim, ach dh'fhaodadh iad sochairean a bharrachd fhaighinn, no barrachd a bhith air a chur ri sochairean a th' aca mar-thà, a' gabhail a-steach Creideas Peinnean.

## Far a bheilear a' faighinn Pàigheadh Taic Luchd-cùraim, am bi sin a' toirt buaidh air sochairean an neach a tha a' faighinn cùram?

Cha bu chòir buaidh a bhith air sochairean an neach a tha a' faighinn cùram (a' gabhail a-steach Pàigheadh Ciorraim Cloinne, Pàigheadh Ciorraim Inbheach, Pàigheadh Ciorraim Aois Peinnsein, Cuibhreann Ciorraim Bith-beò Inbheach Albannach, Cuibhreann Frithealaidh agus Cuibhreann Ciorraim Bith-beò) air sgàth 's gu bheil an neach-cùraim aca a' faighinn Pàigheadh Taic Luchd-cùraim.

Ma tha an neach a tha a' faighinn cùram a' faighinn Tàilleabh Droch-chiorraim – sùim a bharrachd a th' air a gabhail a-steach ann an cuid de shochairean a tha a rèir teachd a-steach – dh'fhaodadh seo stad ma gheibh an neach-cùraim Pàigheadh Taic Luchd-cùraim. Tha seo air sgàth gu bheil Tàilleabhan Droch-chiorraim a' cuideachadh le cosgaisean cùraim. Faodaidh na riaghailtean airson Tàilleabhan Droch-chiorraim a bhith iom-fhillte, agus dh'fhaodadh atharrachaidhean air Tàilleabhan Droch-chiorraim buaidh a thoirt air sochairean eile, agus mar sin tha sinn a' moladh tuilleadh comhairle a shireadh.

## Am faod oileanaich Pàigheadh Taic Luchd-cùraim fhaighinn?

Tha Pàigheadh Taic Luchd-cùraim ri fhaotainn do bharrachd luchd-cùraim ann am foghlam na Cuibhreann an Luchd-cùraim, an t-sochair a bh' ann roimhe. Faodaidh luchd-cùraim aois 16 no nas sine Pàigheadh Taic Luchd-cùraim fhaighinn ma tha iad ag ionnsachadh pàirt-ùine. Tha daoine aois 20 no nas sine a tha ag ionnsachadh làn-ùine cuideachd ion-roghnach. Faodaidh luchd-cùraim aois 16 gu 19 a tha ag ionnsachadh làn-ùine a bhith ion-roghnach, a rèir an t-seòrsa de chùrsa a tha iad a' dèanamh agus a rèir an t-suidheachaidh aca.

Mar as trice chan fhaigh luchd-cùraim Pàigheadh Taic Luchd-cùraim ma tha iad a' dèanamh dheuchainnean Nàiseanta no Àrd-ìre san àrd-sgoil no colaiste. 'S dòcha gum bi iad ion-roghnach ma gheibh iad sochairean eile, leithid Creideas Coitcheann, fhad 's a tha iad ann am foghlam làn-ùine.

## Taic airgid a bharrachd

Bidh luchd-cùraim a tha a' faighinn Pàigheadh Taic Luchd-cùraim air ceann-latha àraidh a' faighinn Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim cuideachd. Thathar a' pàigheadh seo gu fèin-obrachail.

## Ciamar a chuireas daoine iarrtas a-steach?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig **mygov.scot/carersupport**. Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Tha taic gus iarrtas a chur a-steach ri fhaighinn bho ar comhairlichean creideis le trèanadh sònraichte anns gach ùghdarras ionadail ann an Alba. Faodaidh luchd-cùraim fios a chur thugainn gus coinneamh a chur air dòigh aig àite is àm a tha freagarrach dhaibh an dàrna cuid sa choimhearsnachd aca no aig an taigh, tro bhidio no le fòn.

## Taic eile do luchd-cùraim

Airson barrachd fiosrachaidh mu chuideachadh airson luchd-cùraim, rach gu **mygov.scot/help-for-carers**.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](https://contactscotland-bsl.org)
-  Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)